| Cuspair Clàir-ghnothaich | 9 |
|---|---|
| Àir. Aithisge | HC/16/25 |

# Comhairle na Gàidhealtachd

**Comataidh:** **Comataidh na Gàidhlig**

**Ceann-latha:** **27 Lùnastal 2025**

**Tiotal Aithisge:** **Bile nan Cànan Albannach – Dàta Cunntais-shluaigh**

**Aithisg le:** **Iar-Àrd-Oifigear – Daoine**

## 1 Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Chaidh Bile nan Cànan Albannach aontachadh air 17 Ògmhios 2025. Tha am Bile, mar a chaidh aontachadh, ri fhaotainn air làrach-lìn na Pàrlamaid an seo. Thèid am Bile tro phròiseas a-nis airson Aonta Rìoghail a shireadh agus fhaotainn.

1.2 Tha am Bile, airson a' chiad uair, a' toirt inbhe oifigeil do chànanan na Gàidhlig agus na h-Albais ann an Alba agus ag amas air dìon, brosnachadh is taic a thoirt do chleachdadh an dà chànan ann am beatha phoblach agus foghlam. Tha cuid de na prìomh cheumannan sa Bhile a' gabhail a-steach:

- a' toirt a-steach inbhean foghlaim airson Gàidhlig agus Albais
- a' toirt taic do bhith a' cruthachadh Sgìrean Cànain Sònraichte (SCS) ann an coimhearsnachdan Gàidhlig
- a' toirt comas do phàrantan anns gach pàirt de dh'Alba iarrtas a chur a-steach airson àiteachan sgoil-àraich agus thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig dhan cuid cloinne
- a' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd theisteanasan rim faotainn anns a' Ghàidhlig
- a' toirt a-steach targaidean airson an àireamh dhaoine a tha a' bruidhinn is ag ionnsachadh na Gàidhlig.

1.3 Tha an aithisg seo a' mìneachadh obair-deasachaidh agus mion-sgrùdadh Chomhairle na Gàidhealtachd mar fhreagairt do Bhile nan Cànan Albannach, le fòcas air sgilean Gàidhlig mar a chaidh a chlàradh sa chunntas-shluaigh mu dheireadh.

1.4 Tha an aithisg seo a' coimhead a-mhàin air dàta cunntais-shluaigh a' buntainn ri sgilean Gàidhlig. Thèid aithisg a bharrachd mu ghnìomhachd Ghàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd a thoirt gu coinneamh Chomataidh na Gàidhlig san àm ri teachd.

## 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

i. toirt fa-near dhan aithisg; agus

ii. aontachadh gun tèid tuilleadh measaidh a dhèanamh air uàrdan taghaidh a tha a' dol thairis air stairsneach 20% nan sgilean Gàidhlig agus uàrdan a tha a' tighinn faisg air an stairsnich 20%; agus
iii. aonta a thoirt do na h-ath cheumannan a tha air am mìneachadh ann an earrainn 8.

## 3 Builean

3.1 Goireas

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad maoineachadh airson taic a thoirt do Ghàidhlig agus Albais. Tha caiteachas Riaghaltas na h-Alba airson Gàidhlig agus Albais air a bhith an ìre mhath seasmhach bho 2010/11 le meudachaidhean airson nam meadhanan, ionnsachadh is leasachadh Gàidhlig san ùine sin. Tha buidseat làithreach 2023/24 airson Gàidhlig agus Albais aig £29 millean agus tha seo fo rianachd Roinn na Gàidhlig is na h-Albais, pàirt dhen Bhuidheann-stiùiridh airson Ath-leasachadh Foghlaim agus dhen chùram-roinne as fharsainge airson Foghlaim is Sgilean.

'S e prìomh bhuaidh solar a' Bhile gu bheilear ag atharrachadh na thathar a' dèanamh agus gu bheilear a' cur ghoireasan gu feum eile a thaobh oidhirp agus aire. Mar thoradh, tha Riaghaltas na h-Alba dhen bheachd nach eil solaran a' cruthachadh chosgaisean a tha gu tur ùr no gu bheil feum air cosg gu tur ùr. Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt tuairmse gum bi cosgaisean co-mheasgte, airson Gàidhlig agus Albais, a thaobh a bhith a' toirt a-steach solar a' Bhile thairis air 5-bliadhna aig £694,500.

Tha fiosrachadh nas mionaidiche ri fhaotainn ann am Meòrachan Ionmhais Bile nan Cànanan Albannach a gheibhear aig: www.parliament.scot/-/media/files/legislation/bills/s6-bills/scottish-languages-bill/introduced/financial-memorandum-accessible.pdf.

Ach, seach gu bheilear an dùil gum bi an reachdas ùr a' toirt air adhart builean, dùilean is solaran ùra a thaobh FtG agus FLI, dh'fhaodadh seo cuideam a chur air buidseatan is air goireasan làithreach.

3.2 Laghail

Bidh Bile nan Cànanan Albannach a' toirt grunn dhleastanasan reachdail ùra do Chomhairle na Gàidhealtachd.

3.3 Cunnart

Tha cunnart ann gum faodadh an reachdas dùilean is làn-chòraichean a chruthachadh nach urrainn a bhith air an coinneachadh ri linn dùbhlain fastaidh leantainneach ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG). Tha cunnart ann a thaobh neo-ghèilleadh mura tèid na dleastanasan seo a choinneachadh, gu h-àraid ann a bhith a' freagairt iarrtasan phàrantan agus a' co-thaobhadh solar ri inbhean nàiseanta. Aig an ìre seo, chan eil e soilleir dè na smachd-bhannan a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh ach thathar an dòchas gum bi seo follaiseach nuair a thèid an stiùireadh reachdail fhoillseachadh.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)

Cha deach cunnart a chomharrachadh.

3.5 Gàidhlig

Tha builean fìor mhath ann a thaobh a bhith a' gleidheadh is a' leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean corporra, foghlaim is coimhearsnachd. Tha am Bile a' toirt a-steach dleastanasan reachdail ùra a' buntainn ri foghlam Gàidhlig agus planadh cànain. Tha cunnart neo-ghèillidh ann mura tèid na dleastanasan seo a choinneachadh. Ach, tha am Bile

cuideachd a' toirt seachad cothroman gus solar a neartachadh a thaobh na Gàidhlig agus ceannardas Chomhairle na Gàidhealtachd a dhaingneachadh san raon seo.

## 4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh nuair a thèid tuilleadh stiùiridh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba a thaobh Sgìrean Sònraichte Cànain.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

## 5. An co-theacsa reachdail

5.1 Chaidh Bile nan Cànan Albannach aontachadh air 17 Ògmhios 2025 agus tha e a' toirt a-steach frèam-obrach airson a bhith ag ainmeachadh Sgìrean Cànain Sònraichte (SCS), a tha ag amas air taic is brosnachadh a thoirt do chànan na Gàidhlig air feadh na h-Alba. Fo Earrann 1 dhen Bhile, faodar sgìre ainmeachadh mar SCS ma tha i a' coinneachadh aon de dhà phrìomh chumha:

(a) Tha àireamh shusbainteach de dhaoine san sgìre le sgilean Gàidhlig; no
(b) Chan eil àireamh shusbainteach de luchd-labhairt Gàidhlig san sgìre ach thathar a' taisbeanadh aon no barrachd de na leanas:

i. Ceangal eachdraidheil le cleachdadh na Gàidhlig;
ii. Solar teagaisg is ionnsachaidh tron Ghàidhlig;
iii. Gnìomhachd shusbainteach a' buntainn ri cànan no cultar na Gàidhlig.

Tha an stairsneach 20% air tighinn am bàrr mar phrìomh thaisbeanair airson a bhith a' measadh co-dhiù a tha 'àireamh shusbainteach' de luchd-labhairt Gàidhlig ann an sgìre. Tha an stairsneach seo air a bhuileachadh air dàta cunntais-shluaigh, gu sònraichte a' cho-roinn dhen t-sluagh a tha aois trì bliadhna no nas sine agus a tha air an aithris le sgilean Gàidhlig. Tha sgìrean a tha a' coinneachadh no a' dol thairis air an stairsnich seo air am meas mar thagraichean làidir airson a bhith air an ainmeachadh mar SCS.

Taobh a-staigh Chomhairle na Gàidhealtachd tha sgìrean ann nach eil, aig ìre uàird, a' coinneachadh na stairsnich 20% ach anns a bheil sgìrean toraidh cunntais-shluaigh nas lugha a tha a' dol thairis air an ìre 20%. Math dh'fhaodte gun coinnich na sgìrean seo cuideachd na slatan-tomhais cultarach, foghlamach, no eachdraidheil a tha air am mìneachadh gu h-àrd. Tha a bhith a' comharrachadh fo-sgìrean uàird a' dèanamh cinnteach nach eil coimhearsnachdan le làthaireachd Ghàidhlig no ceangal eachdraidheil air an dùnadh a-mach bho thaic is bho aithne.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart le obair-deasachaidh gus sgìrean a leithid seo a chomharrachadh taobh a-staigh sgìre na Gàidhealtachd. Bidh cleachdadh dàta cunntais-shluaigh mionaideach agus bùithtean-obrach air an taobh a-staigh a' cuideachadh gus molaidhean a stiùireadh san àm ri teachd.

## 6. Foir-shealladh de dhàta a' chunntais-shluaigh (Eàrr-ràdh 1)

6.1 Chaidh dàta Cunntas-sluaigh Alba 2022 a' buntainn ris a' Ghàidhlig fhoillseachadh air 21 Cèitean 2024.[1]

Fhuair an cunntas-sluaigh, aig ìre nàiseanta, gun robh sgilean air choreigin sa Ghàidhlig aig 2.5% de dhaoine aois 3 agus nas sine ann an 2022. 'S e àrdachadh de 43,100 neach a tha seo bho 2011 nuair a bha sgilean aig 1.7% ann an Gàidhlig. Ann an sgìre na Gàidhealtachd thàinig àrdachadh air an àireimh seo bho 7.4% gu 8.1%.

6.2 Tha foir-shealladh de dhàta a' chunntais-shluaigh a' buntainn ri sgilean Gàidhlig ann an sgìrean na Gàidhealtachd ri fhaotainn gu h-ìosal:

| **2011<br>Sgìre na Gàidhealtachd – sgilean Gàidhlig** | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| **Gach neach aois 3 is nas sine** | **A' tuigsinn ach chan eil a' bruidhinn, a' leughadh, no a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' bruidhinn, a' leughadh, is a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' bruidhinn ach chan eil a' leughadh no a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' bruidhinn is a' leughadh ach chan eil a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' leughadh ach chan eil a' bruidhinn no a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **Measgachadh eile de sgilean sa Ghàidhlig** | **Gun sgilean sa Ghàidhlig** |
| 224606 | 3830 | 6927 | 3837 | 1275 | 510 | 217 | 208010 |

| **2022<br>Sgìre na Gàidhealtachd – sgilean Gàidhlig** | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| **Gach neach aois 3 is nas sine** | **A' tuigsinn ach chan eil a' bruidhinn, a' leughadh, no a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' bruidhinn, a' leughadh, is a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' bruidhinn ach chan eil a' leughadh no a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' bruidhinn is a' leughadh ach chan eil a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **A' leughadh ach chan eil a' bruidhinn no a' sgrìobhadh na Gàidhlig** | **Measgachadh eile de sgilean sa Ghàidhlig** | **Gun sgilean sa Ghàidhlig** |
| 229631 | 5053 | 7733 | 3040 | 1267 | 1098 | 365 | 211076 |

| **2011 vs 2022<br>Sgìre na Gàidhealtachd – sgilean Gàidhlig<br>(A' tuigsinn, a' bruidhinn, a' leughadh, no a' sgrìobhadh na Gàidhlig)** | | | |
|---|---|---|---|
| | **2011** | **2022** | **% atharrachadh** |
| **Aois** | | | |
| **Gach neach aois 3 is nas sine** | 16596 | 18552 | +11.79% |
| **3–15** | 2475 | 3339 | +34.9% |
| **16–24** | 1602 | 1627 | +1.56% |

[1] Clàran Nàiseanta na h-Alba. *Cunntas-sluaigh na h-Alba 2022 – Pròifil Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd*. 2024. Ri fhaotainn aig: https://www.scotlandscensus.gov.uk

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | **25–34** | 1436 | 2010 | +39.97% |
| | **35–49** | 3266 | 2941 | - 9.95% |
| | **50–64** | 3769 | 3923 | +4.09% |
| | **65 is nas sine** | 4048 | 4713 | +16.43% |

6.3 **Uàrdan a Tha Os Cionn na Stairsnich 20% airson Sgilean Gàidhlig**

’S e Eilean a’ Cheò an aon uàrd taghaidh taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd a tha os cionn na stairsnich 20%. Tha 35.28% dhen t-sluagh a tha seachad air aois 3 bliadhna sa uàrd seo ag aithris sgilean Gàidhlig.

6.4 **Uàrdan a Tha a’ Tighinn Faisg air an Stairsnich 20% (10–19.9%)**

Tha grunn uàrdan taobh a-staigh an raoin 10–19.9% agus a’ tighinn faisg air an stairsnich:

- An Caol agus Malaig – 11.94%
- An Gearasdan agus Àird nam Murchan – 11.93%
- Ros an Iar, Srath Pheofhair agus Loch Aillse – 15.6%

Faodar beachdachadh air co-dhiù a bu chòir do na uàrdan seo a bhith air an ainmeachadh stèidhichte air tuilleadh sgrùdaidh air sgìrean toraidh air an taobh a-staigh.

6.5 **Sgìrean Toraidh a’ Dol Thairis air 20% ann an Uàrdan**

Ann an uàrdan far a bheil an sluagh iomlan a tha a’ bruidhinn na Gàidhlig fo 20%, tha grunn sgìrean toraidh fa leth taobh a-staigh nan uàrdan a’ dol thairis air an stairsnich. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann an **Eàrr-ràdh 1**.

Tha na toraidhean seo a’ sealltainn sgilean Gàidhlig taobh a-staigh sgìre chruinn-eòlasach.

Chaidh Inbhir Nis a chomharrachadh mar sgìre a tha a’ coinneachadh nan slatan-tomhais airson a bhith air ainmeachadh mar SCS stèidhichte air ceanglaichean eachdraidheil, solar foghlam Gàidhlig agus gnìomhachd chultarach. Tha dàta a tha a’ buntainn ri sgilean Gàidhlig air aithris ann an sgìrean toraidh taobh a-staigh uàrdan Inbhir Nis air a thoirt seachad ann an **Eàrr-ràdh 1**.

## 7. Obair-deasachaidh

**7.1** Chaidh bùth-obrach a chumail taobh a-staigh na Comhairle le Sgioba na Gàidhlig gus beachdachadh air Bile nan Cànan Albannach agus SCS. Bha a’ bhùth-obrach ag amas air na leanas:

- A’ meudachadh tuigse mu Bhile nan Cànan Albannach agus na tha seo a’ ciallachadh airson na Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- An t-ath-sgrùdadh is am mìneachadh bhon dàta chunntais-shluaigh mu dheireadh a thaobh sgilean Gàidhlig gus fios a chur ri planadh is prìomhachasan.
- A’ mapadh gnìomhachd làithreach a thaobh na Gàidhlig thairis air seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd gus raointean de neart is de bheàrnan a chomharrachadh.
- A’ comharrachadh prìomh luchd-ùidhe agus bhuidhnean a tha an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig thar na roinne.

- A’ stèidheachadh nan ath cheumannan airson a bhith a’ cur ri buileachadh a’ Bhile agus a’ toirt taic do Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

## 8. Na h-Ath Cheumannan

**8.1** Airson togail air toraidhean a’ mhion-sgrùdaidh seo agus co-thaobhadh ri àrd-amasan Bile nan Cànan Albannach, thathar a’ moladh nan gnìomhan a leanas:

- Sgìrean Cànain Sònraichte: gabh os làimh tuilleadh measaidh air uàrdan taghaidh a tha a’ dol thairis air an stairsnich 20% de sgilean Gàidhlig agus uàrdan a tha a’ tighinn faisg air an stairsnich 20%.
- Com-pàirteachadh Coimhearsnachd: Gabh os làimh com-pàirteachadh cuimsichte sna sgìrean toraidh a chaidh a chomharrachadh sa Ghàidhealtachd le sluagh is buidhnean Gàidhlig airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air feumalachdan is cothroman ionadail.
- Mapadh agus Lèirsinneachadh: Leasaich mapaichean soilleir, ruigsinneach gus sealltainn far a bheil co-chruinneachaidhean de sgilean Gàidhlig, a’ toirt taic do phlanadh ro-innleachdail agus aire phoblach.
- Molaidhean airson SCS Ainmeachadh: Fuirich gus an tèid stiùireadh fhoillseachadh bho Riaghaltas na h-Alba gus tuilleadh mion-sgrùdaidh agus pròiseasan taghadh-làraich a threòrachadh.
- Beachdachadh tràth air pròifil agus co-dhèanamh nan uàrdan taghaidh.
- Co-thaobhadh Poileasaidh: Dèan ceangal le stiùireadh nàiseanta agus inbhean a tha a’ tighinn am bàrr airson dèanamh cinnteach gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd fhathast air thoiseach a thaobh a’ chleachdaidh as fheàrr.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 30 Ògmhios 2025

Ùghdar: Eoina Rodgers, Oifigear Poileasaidh – Leasachadh Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fiosrachaidh: Bile nan Cànan Albannach (mar a chaidh aontachadh)

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Dàta cunntais-shluaigh


1. Clàran Nàiseanta na h-Alba. Cunntas-sluaigh na h-Alba 2022 – Pròifil Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd Highland. 2024. Ri fhaotainn aig: https://www.scotlandscensus.gov.uk

**Appendix 1: Census Data relating to Gaelic skills in the Highland Council area**

Green indicates %s which exceed the 20% threshold and amber indicates values between 10-19.9%.

# Eilean a' Cheò

| **Census Output areas where more than 20% of population reported Gaelic skills**<br><br>**Electoral ward: Eilean a' Cheò**<br><br>**% of population reported Gaelic skills within ward: 35.28** | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00162449 | IV51 9YU | 125 | 43.20% |
| S00162500 | IV51 9YT | 126 | 40.48% |
| S00162508 | IV51 9LA | 105 | 64.76% |
| S00162559 | IV51 9JG | 82 | 56.10% |
| S00162576 | IV51 9JZ | 125 | 50.40% |
| S00162578 | IV51 9RP | 95 | 35.79% |
| S00162611 | IV51 9HY | 107 | 58.88% |
| S00162616 | IV55 8GQ | 68 | 41.18% |
| S00162622 | IV51 9YE | 104 | 31.73% |
| S00162623 | IV51 9JD | 76 | 34.21% |
| S00162636 | IV55 8YD | 111 | 20.72% |
| S00162637 | IV51 9YQ | 98 | 47.96% |
| S00162638 | IV51 9XU | 92 | 39.13% |
| S00162644 | IV51 9AD | 86 | 36.05% |
| S00162647 | IV51 9JW | 154 | 45.45% |
| S00162653 | IV55 8GL | 114 | 30.70% |
| S00162654 | IV51 9XG | 119 | 31.93% |
| S00162726 | IV55 8WF | 75 | 25.33% |
| S00162740 | IV51 9NZ | 102 | 25.49% |
| S00162775 | IV55 8ZU | 119 | 20.17% |
| S00162921 | IV51 9PU | 184 | 26.63% |
| S00162929 | IV51 9XE | 157 | 33.12% |
| S00162931 | IV51 9NT | 131 | 43.51% |
| S00162947 | IV55 8WJ | 83 | 21.69% |
| S00162949 | IV40 8NX | 114 | 42.98% |
| S00162950 | IV51 9PE | 154 | 47.40% |
| S00162961 | IV51 9NS | 87 | 52.87% |
| S00162962 | IV55 8WP | 63 | 22.22% |
| S00163001 | IV51 9NL | 121 | 38.84% |
| S00163005 | IV55 8ZR | 128 | 34.38% |
| S00163006 | IV55 8ZD | 90 | 27.78% |
| S00163010 | IV51 9NA | 184 | 34.24% |
| S00163021 | IV55 8GU | 124 | 32.26% |
| S00163031 | IV55 8WB | 71 | 40.85% |
| S00163040 | IV56 8FQ | 86 | 30.23% |

| | | | |
|---|---|---|---|
| S00163313 | IV51 9HN | 89 | 43.82% |
| S00163351 | IV51 9HH | 74 | 40.54% |
| S00163378 | IV51 9TU | 56 | 25.00% |
| S00163396 | IV51 9TW | 152 | 36.18% |
| S00163400 | IV51 9TQ | 161 | 39.13% |
| S00163402 | IV51 9WB | 95 | 33.68% |
| S00163409 | IV56 8FB | 126 | 30.16% |
| S00163411 | IV51 9HP | 148 | 35.14% |
| S00163415 | IV51 9QW | 141 | 31.91% |
| S00163423 | IV51 9TR | 101 | 32.67% |
| S00163432 | IV51 9LX | 81 | 46.91% |
| S00163433 | IV51 9JA | 120 | 33.33% |
| S00163440 | IV51 9QA | 136 | 37.50% |
| S00163445 | IV51 9LD | 99 | 30.30% |
| S00163460 | IV51 9DY | 85 | 61.18% |
| S00163466 | IV51 9EQ | 120 | 28.33% |
| S00163471 | IV51 9BX | 79 | 36.71% |
| S00163474 | IV51 9ET | 80 | 41.25% |
| S00163475 | IV51 9QR | 72 | 30.56% |
| S00163482 | IV51 9EB | 119 | 30.25% |
| S00163504 | IV56 8FF | 91 | 34.07% |
| S00163510 | IV51 9ES | 115 | 33.04% |
| S00163554 | IV51 9GU | 77 | 45.45% |
| S00163557 | IV51 9LE | 121 | 38.84% |
| S00163581 | IV51 9LQ | 164 | 32.93% |
| S00163586 | IV55 8ZQ | 98 | 29.59% |
| S00163703 | IV47 8SD | 121 | 33.06% |
| S00163710 | IV47 8SN | 113 | 25.66% |
| S00163714 | IV47 8YA | 87 | 28.74% |
| S00163721 | IV47 8SP | 92 | 27.17% |
| S00163722 | IV49 9AX | 124 | 20.97% |
| S00163723 | IV47 8ST | 168 | 22.02% |
| S00163728 | IV51 9SS | 66 | 43.94% |
| S00163790 | IV41 8PR | 101 | 21.78% |
| S00163793 | IV41 8PP | 81 | 27.16% |
| S00163795 | IV41 8PS | 77 | 37.66% |
| S00163796 | IV43 8QY | 136 | 39.71% |
| S00163798 | IV42 8WZ | 140 | 37.86% |
| S00163803 | IV49 9AD | 144 | 27.08% |
| S00163804 | IV42 8QA | 135 | 34.07% |
| S00163805 | IV49 9BB | 151 | 36.42% |
| S00163807 | IV49 9AQ | 174 | 30.46% |
| S00163808 | IV49 9BU | 104 | 21.15% |
| S00163812 | IV49 9DA | 142 | 29.58% |
| S00163814 | IV49 9AG | 85 | 27.06% |
| S00163817 | IV42 8QB | 70 | 48.57% |
| S00163843 | IV49 9BQ | 103 | 33.98% |
| S00163844 | IV45 8RP | 107 | 45.79% |

| | | | |
|---|---|---|---|
| S00163873 | IV43 8QT | 139 | 51.08% |
| S00163878 | IV46 8SA | 106 | 66.04% |
| S00163881 | IV44 8RE | 142 | 40.14% |
| S00163885 | IV44 8RF | 162 | 56.17% |
| S00163893 | IV45 8RB | 86 | 37.21% |
| S00163897 | IV45 8RJ | 133 | 36.84% |

| **Census Output areas between 10-19.9% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral ward: Eilean a' Cheò<br><br>% of population reported Gaelic skills within ward: 35.28** | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00162645 | IV40 8PB | 69 | 18.84% |
| S00162753 | IV51 9PN | 94 | 14.89% |
| S00162965 | IV55 8WY | 81 | 18.52% |
| S00163765 | IV42 8QD | 121 | 18.18% |
| S00163792 | IV40 8DW | 139 | 19.42% |

# Caol and Mallaig

| Census Output areas where more than 20% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral ward: Caol and Mallaig<br><br>% of population reported Gaelic skills within ward: 11.94 | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00163891 | PH43 4RR | 167 | 25.75% |
| S00163924 | PH41 4AB | 107 | 28.04% |
| S00163925 | PH41 4QJ | 133 | 23.31% |
| S00163926 | PH41 4RP | 83 | 24.10% |
| S00163941 | PH37 4LT | 139 | 20.14% |
| S00163991 | PH33 7PR | 177 | 23.73% |

| Census Output areas between 10-19.9% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral ward: Caol and Mallaig<br><br>% of population reported Gaelic skills within ward: 11.94 | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00163895 | PH35 4HW | 137 | 12.41% |
| S00163912 | PH34 4EB | 95 | 10.53% |
| S00163928 | PH41 4QH | 113 | 14.16% |
| S00163929 | PH41 4RD | 82 | 10.98% |
| S00163930 | PH41 4QP | 80 | 13.75% |
| S00163931 | PH41 4QZ | 72 | 16.67% |
| S00163932 | PH41 4RQ | 130 | 19.23% |
| S00163933 | PH31 4WA | 120 | 11.67% |
| S00163934 | PH40 4PA | 77 | 12.99% |
| S00163936 | PH40 4PF | 77 | 16.88% |
| S00163938 | PH40 4PL | 115 | 13.91% |
| S00163940 | PH39 4NR | 133 | 12.78% |
| S00163942 | PH33 7NN | 194 | 11.86% |
| S00163944 | PH33 7PB | 156 | 17.31% |
| S00163945 | PH39 4NL | 79 | 15.19% |
| S00163946 | PH34 4EY | 157 | 10.19% |
| S00163949 | PH34 4EP | 149 | 13.42% |
| S00163952 | PH34 4HA | 87 | 17.24% |
| S00163956 | PH33 7NF | 113 | 12.39% |
| S00163959 | PH33 7PX | 197 | 18.27% |
| S00163960 | PH33 7LL | 121 | 14.05% |
| S00163962 | PH33 7JN | 111 | 12.61% |
| S00163965 | PH33 7LT | 174 | 15.52% |
| S00163967 | PH33 7PA | 90 | 10.00% |
| S00163969 | PH33 7JD | 116 | 10.34% |
| S00163972 | PH33 7HN | 103 | 13.59% |
| S00163975 | PH33 7DY | 87 | 10.34% |

| | | | |
|---|---|---|---|
| S00163976 | PH33 7EE | 119 | 12.61% |
| S00163977 | PH33 7DL | 115 | 11.30% |
| S00163978 | PH33 7DS | 99 | 15.15% |
| S00163982 | PH33 7ET | 70 | 11.43% |
| S00163983 | PH33 7DB | 100 | 19.00% |
| S00163984 | PH33 7DA | 124 | 14.52% |
| S00163985 | PH33 7EZ | 119 | 10.08% |
| S00163990 | PH33 7RB | 107 | 13.08% |
| S00163992 | PH33 7RD | 79 | 12.66% |
| S00163993 | PH33 7BX | 93 | 10.75% |
| S00163994 | PH33 7NT | 95 | 12.63% |
| S00163996 | PH33 7DG | 113 | 12.39% |

# Fort William and Ardnamurchan

| Census Output areas where more than 20% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral ward: Fort William and Ardnamurchan<br><br>% of population reported Gaelic skills within ward: 11.93 | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00163955 | PH38 4NG | 116 | 21.55% |
| S00164030 | PH33 6JF | 102 | 24.51% |
| S00164037 | PH36 4JX | 93 | 37.63% |
| S00164043 | PH36 4JZ | 100 | 46.00% |
| S00164051 | PH36 4YB | 87 | 39.08% |
| S00164054 | PH36 4JJ | 125 | 31.20% |
| S00164055 | PH36 4AA | 199 | 25.13% |
| S00164056 | PH36 4LH | 169 | 27.22% |
| S00164058 | PH36 4JB | 61 | 26.23% |
| S00164088 | PA80 5XW | 92 | 27.17% |

| Census Output areas between 10-19.9% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral ward: Fort William and Ardnamurchan<br><br>% of population reported Gaelic skills within ward: 11.93 | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00163954 | PH33 7AW | 127 | 14.17% |
| S00163973 | PH33 7YD | 71 | 14.08% |
| S00163987 | PH33 6TD | 100 | 11.00% |
| S00163997 | PH33 6NQ | 114 | 13.16% |
| S00163998 | PH33 6NN | 107 | 13.08% |
| S00164002 | PH33 6ET | 256 | 18.75% |
| S00164003 | PH33 6JA | 171 | 11.70% |
| S00164004 | PH33 6LY | 69 | 14.49% |
| S00164006 | PH33 6QE | 73 | 15.07% |
| S00164007 | PH33 6PX | 125 | 16.00% |
| S00164011 | PH33 6FA | 158 | 13.29% |
| S00164013 | PH33 6TS | 112 | 13.39% |
| S00164014 | PH33 6SZ | 72 | 16.67% |
| S00164016 | PH33 6BE | 96 | 11.46% |
| S00164020 | PH33 6HE | 131 | 14.50% |
| S00164022 | PH33 6HZ | 103 | 11.65% |
| S00164024 | PH33 6HR | 76 | 11.84% |
| S00164028 | PH33 6RQ | 84 | 15.48% |
| S00164034 | PH33 6UZ | 84 | 11.90% |
| S00164035 | PH33 6JL | 97 | 12.37% |
| S00164038 | PH33 6TP | 126 | 13.49% |
| S00164039 | PH33 7AG | 146 | 15.75% |
| S00164041 | PH33 6RL | 111 | 10.81% |

| | | | |
|---|---|---|---|
| S00164045 | PH33 6LN | 111 | 13.51% |
| S00164047 | PH36 4JG | 163 | 14.72% |
| S00164050 | PH33 6RP | 102 | 12.75% |
| S00164053 | PH33 6SA | 183 | 10.38% |
| S00164057 | PH36 4JW | 87 | 18.39% |
| S00164059 | PA34 5XR | 135 | 12.59% |
| S00164060 | PH33 7AA | 80 | 16.25% |
| S00164061 | PH33 6YH | 122 | 10.66% |
| S00164063 | PA40 4QX | 98 | 10.20% |
| S00164072 | PH36 4JD | 188 | 19.15% |
| S00164078 | PH49 4HL | 137 | 11.68% |
| S00164079 | PA39 4HS | 98 | 11.22% |
| S00164087 | PA80 5AD | 68 | 10.29% |

# Wester Ross, Strathpeffer and Lochalsh

| Census Output areas where more than 20% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral ward: Wester Ross, Strathpeffer and Lochalsh<br><br>% of population reported Gaelic skills within ward: 15.6 | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00162344 | IV23 2RT | 152 | 21.05% |
| S00162358 | IV26 2TG | 98 | 31.63% |
| S00162360 | IV26 2AD | 100 | 20.00% |
| S00162361 | IV26 2ZE | 130 | 21.54% |
| S00162364 | IV22 2JL | 122 | 20.49% |
| S00162365 | IV26 2TD | 110 | 21.82% |
| S00162368 | IV26 2XE | 70 | 24.29% |
| S00162372 | IV22 2LU | 96 | 25.00% |
| S00162412 | IV22 2LL | 87 | 20.69% |
| S00162468 | IV21 2BX | 65 | 27.69% |
| S00162476 | IV21 2DA | 83 | 27.71% |
| S00162477 | IV21 2DF | 113 | 20.35% |
| S00162481 | IV21 2AH | 152 | 30.26% |
| S00162499 | IV21 2AU | 137 | 25.55% |
| S00163014 | IV54 8XD | 162 | 25.31% |
| S00163372 | IV40 8EB | 133 | 20.30% |
| S00163417 | IV54 8YP | 112 | 28.57% |
| S00163453 | IV54 8LP | 67 | 35.82% |
| S00163499 | IV54 8LY | 80 | 36.25% |
| S00163693 | IV54 8UD | 132 | 29.55% |
| S00163718 | IV52 8TR | 131 | 30.53% |
| S00163720 | IV52 8TZ | 115 | 23.48% |
| S00163724 | IV40 8BE | 101 | 25.74% |
| S00163766 | IV40 8LG | 71 | 25.35% |
| S00163773 | IV40 8DE | 98 | 23.47% |
| S00163776 | IV40 8AN | 136 | 24.26% |
| S00163794 | IV40 8HN | 114 | 28.07% |
| S00163800 | IV40 8HD | 118 | 24.58% |
| S00163834 | IV40 8JH | 72 | 22.22% |

| Census Output areas between 10-19.9% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral ward: Wester Ross, Strathpeffer and Lochalsh<br><br>% of population reported Gaelic skills within ward: 15.6 | | | |
|---|---|---|---|
| **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| S00162294 | IV26 2YP | 100 | 11.00% |
| S00162295 | IV26 2TH | 161 | 12.42% |
| S00162302 | IV26 2YL | 155 | 16.13% |
| S00162347 | IV22 2NR | 59 | 16.95% |

| | | | |
|---|---|---|---|
| S00162350 | IV23 2QU | 119 | 13.45% |
| S00162352 | IV22 2NG | 68 | 10.29% |
| S00162354 | IV26 2SR | 136 | 17.65% |
| S00162355 | IV26 2XJ | 103 | 18.45% |
| S00162359 | IV26 2AZ | 93 | 13.98% |
| S00162362 | IV26 2UX | 106 | 15.09% |
| S00162363 | IV26 2UF | 93 | 17.20% |
| S00162369 | IV26 2UP | 79 | 11.39% |
| S00162370 | IV26 2SZ | 127 | 18.90% |
| S00162375 | IV22 2JD | 149 | 13.42% |
| S00162376 | IV21 2DY | 64 | 14.06% |
| S00162381 | IV22 2JH | 68 | 17.65% |
| S00162400 | IV22 2JR | 96 | 17.71% |
| S00162409 | IV22 2LE | 92 | 18.48% |
| S00162424 | IV21 2DS | 95 | 15.79% |
| S00162461 | IV22 2JY | 138 | 15.94% |
| S00162473 | IV21 2AN | 97 | 15.46% |
| S00162474 | IV21 2YD | 97 | 13.40% |
| S00162479 | IV21 2BT | 105 | 19.05% |
| S00162480 | IV21 2BP | 64 | 12.50% |
| S00162534 | IV22 2YD | 150 | 11.33% |
| S00162641 | IV22 2HB | 98 | 13.27% |
| S00162642 | IV23 2WA | 95 | 12.63% |
| S00162651 | IV54 8XJ | 126 | 13.49% |
| S00162656 | IV22 2EX | 106 | 12.26% |
| S00162678 | IV14 9FA | 155 | 15.48% |
| S00162731 | IV14 9BP | 154 | 10.39% |
| S00162768 | IV54 8XP | 117 | 13.68% |
| S00162913 | IV6 7UT | 132 | 11.36% |
| S00162922 | IV54 8YU | 125 | 16.00% |
| S00162927 | IV6 7UL | 177 | 11.30% |
| S00163544 | IV54 8YS | 114 | 14.91% |
| S00163694 | IV54 8YA | 70 | 18.57% |
| S00163699 | IV54 8YE | 85 | 10.59% |
| S00163700 | IV54 8YH | 98 | 19.39% |
| S00163705 | IV53 8UH | 126 | 15.87% |
| S00163713 | IV52 8TN | 117 | 17.09% |
| S00163735 | IV40 8EE | 144 | 16.67% |
| S00163736 | IV40 8EY | 136 | 18.38% |
| S00163739 | IV40 8BB | 137 | 18.98% |
| S00163740 | IV40 8EG | 135 | 10.37% |
| S00163743 | IV40 8ET | 114 | 18.42% |
| S00163763 | IV40 8BG | 101 | 16.83% |
| S00163778 | IV40 8EZ | 112 | 17.86% |
| S00163783 | IV40 8WA | 102 | 16.67% |
| S00163788 | IV40 8AF | 116 | 19.83% |
| S00163797 | IV40 8HP | 96 | 12.50% |
| S00163815 | IV40 8JZ | 103 | 17.48% |

| | | | |
|---|---|---|---|
| S00163833 | IV40 8JD | 73 | 19.18% |

# Inverness

| Census Output areas where more than 20% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral wards: Inverness South, Inverness Central, Inverness Millburn, Inverness Ness-side, Inverness West | | | | |
|---|---|---|---|---|
| **Electoral Ward** | **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| Inverness South | S00163419 | IV2 5AX | 95 | 22.11% |
| Inverness West | S00163199 | IV3 8PS | 95 | 22.11% |

| Census Output areas between 10-19.9% of population reported Gaelic skills<br><br>Electoral wards: Inverness South, Inverness Central, Inverness Millburn, Inverness Ness-side, Inverness West | | | | |
|---|---|---|---|---|
| **Electoral Ward** | **OA code** | **Post code** | **All people aged 3 and over** | **Gaelic skills** |
| Inverness South | S00163377 | IV2 5TN | 76 | 11.84% |
| Inverness South | S00163425 | IV2 5BJ | 90 | 10.00% |
| Inverness South | S00163442 | IV2 5HN | 156 | 12.82% |
| Inverness South | S00163551 | IV2 3EW | 153 | 11.11% |
| Inverness South | S00163589 | IV1 2AF | 79 | 10.13% |
| Inverness South | S00163598 | IV2 6HE | 121 | 11.57% |
| Inverness South | S00163602 | IV2 6DQ | 109 | 12.84% |
| Inverness South | S00163603 | IV2 6GQ | 112 | 14.29% |
| Inverness South | S00163620 | IV2 6GX | 145 | 11.03% |
| Inverness South | S00163634 | IV2 6AT | 145 | 17.24% |
| Inverness South | S00163636 | IV2 6GB | 182 | 10.44% |
| Inverness South | S00163640 | IV2 6ET | 119 | 10.92% |
| Inverness South | S00163644 | IV2 6FD | 88 | 14.77% |
| Inverness South | S00163661 | IV2 6DX | 81 | 12.35% |
| Inverness South | S00163665 | IV2 6BB | 215 | 15.81% |
| Inverness South | S00163673 | IV2 6BF | 212 | 14.15% |
| Inverness South | S00163678 | IV2 6BS | 181 | 17.13% |
| Inverness South | S00163679 | IV2 6AY | 81 | 12.35% |
| Inverness South | S00163684 | IV2 6BJ | 129 | 10.08% |
| Inverness South | S00163686 | IV2 6RB | 108 | 14.81% |
| Inverness South | S00163689 | IV2 6EB | 127 | 14.96% |
| Inverness Central | S00163091 | IV3 6DS | 97 | 10.31% |
| Inverness Central | S00163095 | IV3 8BL | 103 | 10.68% |
| Inverness Central | S00163121 | IV3 8ER | 84 | 13.10% |
| Inverness Central | S00163187 | IV3 5LZ | 125 | 11.20% |
| Inverness Central | S00163232 | IV3 5RA | 123 | 15.45% |
| Inverness Central | S00163247 | IV1 1HG | 76 | 11.84% |
| Inverness Central | S00163280 | IV2 3AS | 83 | 10.84% |
| Inverness Central | S00163300 | IV2 3AP | 61 | 14.75% |
| Inverness Central | S00163348 | IV2 4AD | 170 | 12.35% |
| Inverness Central | S00163418 | IV2 3HT | 156 | 16.03% |
| Inverness Central | S00163428 | IV2 4QN | 116 | 12.07% |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| Inverness Central | S00163431 | IV2 3PQ | 73 | 10.96% |
| Inverness Central | S00163436 | IV2 4AR | 77 | 15.58% |
| Inverness Millburn | S00163191 | IV2 3QP | 120 | 10.83% |
| Inverness Millburn | S00163205 | IV2 3QY | 101 | 10.89% |
| Inverness Millburn | S00163223 | IV2 3NQ | 77 | 10.39% |
| Inverness Millburn | S00163234 | IV2 3QN | 94 | 12.77% |
| Inverness Millburn | S00163243 | IV2 3QF | 105 | 12.38% |
| Inverness Millburn | S00163274 | IV2 3JX | 152 | 15.79% |
| Inverness Millburn | S00163311 | IV2 3XH | 138 | 15.22% |
| Inverness Millburn | S00163314 | IV2 3LG | 198 | 15.66% |
| Inverness Millburn | S00163352 | IV2 3XG | 90 | 13.33% |
| Inverness Millburn | S00163393 | IV2 3RX | 96 | 12.50% |
| Inverness Millburn | S00163399 | IV2 3LR | 94 | 10.64% |
| Inverness Millburn | S00163401 | IV2 3RR | 85 | 11.76% |
| Inverness Millburn | S00163414 | IV2 3SB | 113 | 10.62% |
| Inverness Millburn | S00163421 | IV2 3LS | 70 | 14.29% |
| Inverness Millburn | S00163444 | IV2 3XP | 104 | 10.58% |
| Inverness Millburn | S00163449 | IV2 3BU | 76 | 13.16% |
| Inverness Millburn | S00163477 | IV2 3DG | 103 | 13.59% |
| Inverness Millburn | S00163490 | IV2 3DE | 141 | 12.06% |
| Inverness Millburn | S00163491 | IV2 3DQ | 147 | 13.61% |
| Inverness Millburn | S00163495 | IV2 3DA | 81 | 14.81% |
| Inverness Millburn | S00163496 | IV2 4UW | 111 | 10.81% |
| Inverness Millburn | S00163508 | IV2 3TE | 118 | 15.25% |
| Inverness Millburn | S00163524 | IV2 4JP | 82 | 10.98% |
| Inverness Ness-side | S00163451 | IV2 4AS | 97 | 10.31% |
| Inverness Ness-side | S00163480 | IV2 4NB | 107 | 13.08% |
| Inverness Ness-side | S00163501 | IV2 4NX | 103 | 10.68% |
| Inverness Ness-side | S00163506 | IV2 4PD | 76 | 13.16% |
| Inverness Ness-side | S00163518 | IV2 4EE | 89 | 14.61% |
| Inverness Ness-side | S00163521 | IV2 4NW | 121 | 12.40% |
| Inverness Ness-side | S00163540 | IV2 4GR | 85 | 12.94% |
| Inverness Ness-side | S00163543 | IV2 4JJ | 63 | 12.70% |
| Inverness Ness-side | S00163545 | IV2 4PS | 85 | 17.65% |
| Inverness Ness-side | S00163549 | IV2 4LF | 161 | 14.29% |
| Inverness Ness-side | S00163561 | IV2 4PB | 126 | 12.70% |
| Inverness Ness-side | S00163564 | IV2 4NZ | 71 | 11.27% |
| Inverness Ness-side | S00163575 | IV2 4UX | 150 | 12.67% |
| Inverness Ness-side | S00163582 | IV2 4LJ | 95 | 11.58% |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| Inverness Ness-side | S00163585 | IV2 4RQ | 103 | 12.62% |
| Inverness Ness-side | S00163588 | IV2 4EN | 103 | 17.48% |
| Inverness Ness-side | S00163599 | IV2 4BS | 90 | 10.00% |
| Inverness Ness-side | S00163606 | IV2 4DJ | 119 | 10.92% |
| Inverness Ness-side | S00163608 | IV2 4EP | 61 | 14.75% |
| Inverness Ness-side | S00163627 | IV2 4RZ | 69 | 10.14% |
| Inverness Ness-side | S00163633 | IV2 4DX | 80 | 11.25% |
| Inverness Ness-side | S00163643 | IV2 4GZ | 111 | 14.41% |
| Inverness Ness-side | S00163645 | IV2 6FH | 158 | 11.39% |
| Inverness Ness-side | S00163663 | IV2 6RD | 205 | 16.10% |
| Inverness South | S00163131 | IV2 5BP | 84 | 11.90% |
| Inverness South | S00163132 | IV2 5EH | 146 | 10.27% |
| Inverness South | S00163296 | IV2 5AT | 129 | 10.85% |
| Inverness South | S00163316 | IV1 2FF | 140 | 10.71% |
| Inverness South | S00163320 | IV2 5AL | 143 | 10.49% |
| Inverness South | S00163321 | IV2 5TL | 164 | 11.59% |
| Inverness South | S00163330 | IV1 2FB | 149 | 12.08% |
| Inverness South | S00163339 | IV1 2NQ | 161 | 11.18% |
| Inverness South | S00163363 | IV2 5TA | 180 | 15.56% |
| Inverness West | S00163046 | IV3 6NP | 99 | 11.11% |
| Inverness West | S00163062 | IV3 8RB | 87 | 12.64% |
| Inverness West | S00163077 | IV3 8LS | 65 | 15.38% |
| Inverness West | S00163099 | IV3 6QR | 99 | 13.13% |
| Inverness West | S00163124 | IV3 6NA | 140 | 10.00% |
| Inverness West | S00163164 | IV3 6TF | 166 | 10.84% |
| Inverness West | S00163193 | IV3 8NF | 88 | 12.50% |
| Inverness West | S00163212 | IV3 8YL | 124 | 10.48% |
| Inverness West | S00163228 | IV3 8RW | 119 | 10.08% |
| Inverness West | S00163231 | IV3 6QS | 108 | 10.19% |
| Inverness West | S00163256 | IV3 5PR | 86 | 10.47% |
| Inverness West | S00163268 | IV3 5DL | 82 | 12.20% |
| Inverness West | S00163289 | IV3 5BT | 69 | 10.14% |
| Inverness West | S00163304 | IV3 6NY | 73 | 10.96% |
| Inverness West | S00163310 | IV3 8XX | 126 | 10.32% |
| Inverness West | S00163327 | IV3 8AG | 137 | 10.95% |
| Inverness West | S00163333 | IV3 5EN | 69 | 17.39% |
| Inverness West | S00163355 | IV3 5EY | 76 | 11.84% |
| Inverness West | S00163380 | IV3 5PG | 140 | 10.00% |
| Inverness West | S00163382 | IV3 5NZ | 86 | 10.47% |
| Inverness West | S00163404 | IV3 5EU | 116 | 15.52% |
| Inverness West | S00163413 | IV3 6SX | 124 | 10.48% |
| Inverness West | S00163420 | IV3 5PF | 126 | 11.90% |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| Inverness West | S00163498 | IV3 8DZ | 79 | 10.13% |